

Tadhail Caisteal Cinn Droma,
daingeach deagh-shuidhichte
ri linn Cogaidhean na
Saorsa agus an dèidh sin
àite-cruinneachaidh nan
Seumasach

A' RANNSACHADH CAISTEAL CINN DROMA

Fiosrachadh don Luchd-Teagaisg





Loidhne-tìmh

m.1250 Tòisichear air togail Caisteal Cinn Droma fo stiùir Iarla Mhàrr

1296 is 1303 Tadhailidh Eideard I Cinn Droma

1306 Raibeart Brus na rìgh; bheir e theaghlach ann air sgàth sàbhailteachd.

1306 Cinn Droma fo ionnsaigh nan Sasannach; gèillidh na h-Albannaich an dèidh teine a-staigh

1335 Seasaidh piuthar Bhrus gu daingeann is an caisteal fo shèiste

1363 Gabhar Cinn Droma le mac Bhrus, Rìgh Dàibhidh

1435 Gabhar an caisteal is na fearainn le Seumas I

1438-71 Leasaichear an caisteal

1507 Cuirear taigh-tùr Elphinstone ris

1626 Gheibh Iarlaichean Mhàrr Cinn Droma air ais

1690 an caisteal fo cheannas nan Seumasach

1715 Cuiridh Iarla Mhàrr Ar- a-mach nan Seumasach air bhog à Cinn Droma; teichidh e don Fhraing 's e air fàilligeadh; an caisteal air crìonadh

1805 Tuitidh Tùr an t-Sneachda ri làr

1898 Tòisichidh plana glèidhteachais

1951 An caisteal fo chùram na stàite

Tha fhios gun robh Cinn Droma uair air fear de na caistealan bu drùidhtiche agus bu tarraingiche ann an Alba. Bha pàirt aige ann am prìomh thachartasan eachdraidh na h-Alba, 's air a làraich bha sèistean, ar-a-mach no dhà agus cealgaireachd. Ged nach eil ann ach tobhta an-diugh, tha na th' air fhàgail de na ballachan mòra aige fòs na cùis-bhrosnachaidh do sgoilearan, a' cur air adhart foghlam is rannsachadh.

An Cùl-Sgeul Eachdraidheil

Tòisichidh eachdraidh Caisteal Cinn Droma mu 1250, nuair a thòisich Uilleam, Iarla Mhàrr, air caisteal a thogail às an cumadh e smachd air fearainn Mhàrr agus rathaidean na sgìre.

Ri linn don chaisteal a bhith ann an deagh shuidheachadh chuireadh feum air ri linn Cogaidhean na Saorsa. An dèidh dha bhith cuirte na rìgh an 1306, chuir Raibeart Brus a theaghlach gu Cinn Droma airson an sàbhailteachd 's arm nan Sasannach a' toirt ionnsaigh. Nuairsin chuir e a bhean 's a nighean na b' fhaide tuath 's an arm a' tighinn na bu dlùithe, a' fàgail a' chaisteil fo smachd a bhràthar, Niall. Chuir na Sasannaich an caisteal fo shèiste gu math mòr, a' toirt ionnsaigh air le làmhachas marbhtach. Sheas Niall Brus iad, gus an do chuir gobha a fhuair brìb o na Sasannaich teine ris a' chaisteal on taobh a-staigh. Bha aig an luchd-dìon ri gèilleadh agus chaidh Niall Brus e fhèin a ghlacadh, a shìneadh, a chrochadh is a dhìth-cheannadh. Chuireadh bean is nighean Bhrus fo ghlais, 's chaidh an caisteal a sgrios beagan chor is nach cleachdadh na h-Albannaich tuilleadh e.

Mu 1335 bha Cinn Droma air a chàradh a-rithist agus dh'fhàg seo fo shèist eile e aig luchd-taic nan Sasannach. An turas seo b' i piuthar Bhrus, a' Bh-Uas. Crisdean, a dhìon e. Tharraing arm fo cheannas a fear-cèile an luchd-sèiste air falbh on chaisteal agus thug iad buaidh orra aig Blàr Cùl Bliàn.

Bha an caisteal aig diofar dhaoine gus an deach a ghlacadh le Seumas I 's e a' feuchainn ri cumhachd a chuid uaislean a lughdachadh. Fo smachd luchd-glèidhidh rioghail chaidh tòrr leasachaidhean a dhèanamh air a' chaisteal san àm-sa, nam measg tuilleadh daingeachaidh air an taigh-gheata. An 1507 fhuair an teaghlach Elphinstone e, is thog iadsan taigh-tùr taobh a-staigh ballachan a' chaisteil.

B' e an rud ainmeil mu dheireadh a thachair don chaisteal gun do chuir Iain Arasclann, 6mh Iarla Mhàrr, Ar-a-mach Seumasach 1715 air bhog on chaisteal. Ach an dèidh tòiseach- tòisichidh dràmatach an Ar-a-mach an seo an Srath Dheathain, chrìon a h-uile rud an dèidh cath lag Blàr an t-Siorraim. Theich Iarla Mhàrr don Fhraing agus chrìon Cill Droma. An 1805 thuit Tùr an t-Sneachda ri làr agus chaidh na clachan làidir cumte a chur gu feum le luchd-togail ionadail.

An 1898 thòisich clàr maoineachaidh prìobhaideach gus an caisteal a ghlèidheil agus an 1951 thugadh Cinn Droma fo chùram na stàite.



Taic foghlaim agus teagaisg

Tha turas gu Caisteal Cinn Droma gu h-àraid iomchaidh don luchd- teagaisg a tha ag obair air cuspairean còrdaidh sgoile mar:

- **Beatha caisteil**
- **Cogaidhean na Saorsa**

Tha Cinn Droma ceangailte ri Ar-a-mach 1690 is 1715 nan Seumasach, ach tha làraichean ionadail eile, leithid Caisteal Corr Garaidh, nas fheàrr air tachartasan linn nan Seumasach a shealltainn.

Cuidichidh turas, agus cleachdadh stuth-taice, ann a bhith a' leasachadh:

luchd-ionnsachaidh soirbheachail le bhith a' cur dùbhlann ro sgoilearan smaoineachadh mu mar a dh'atharraich beatha dhaoine. Cuidichidh seo iad ann a bhith a' mèdachadh gu critigeach mu fhianais agus an co-dhùnadh fhèin a dhèanamh. Cuiridh fianais chruaidh ri foghlam.

neachan misneachail. Ionnsachaidh sgoilearan mu ghnèithean de sheann-bheatha an coimhearsnachd, tuigidh iad atharrachaidhean sòisealta, cuiridh iad an luachan fhèin an cèill agus bheir iad am beachd seachad air diofar cheistean eachdraidheil is sòisealta.

daoine glìce ciallach. Cuidichidh e ann a bhith a' toirt barrachd tuigse do sgoilearan air rudan sòisealta is eachdraidheil, a' brosnachadh tuilleadh urraim do na tha mun cuairt orra de dh'eachdraidh agus do dh'obair-togail an latha fhèin.

daoine a bheir seachad fios gu h-èifeachdach le bhith a' leudachadh eòlas is tuigse sgoilearan tro smaoineachadh rannsachail, cruthachail agus critigeach.

Ron turas

- Seall air dealbhan de Chinn Droma rò-làimh - faic www.scran.ac.uk no www.historicscotlandimages.gov.uk neo www.undiscoveredscotland.co.uk Cuidich sgoilearan an ceistean rannsachaidh fhèin a chur ri chèile a chleachdas iad air làraich chor is gum bi fios aca dè nì iad ann. Ma ghabhas e dèanamh, biodh iad an-sàs ann a bhith a' cur turas air dòigh.
- Ma tha thu a' dìreadh air Cogaidhean na Saorsa, dèan cinnteach gun tuig sgoilearan prìomh thachartasan is dhaoine nan Cogaidhean mun tig iad.
- Cuidich sgoilearan tuigse nas fheàrr fhaighinn air an sgèile-tìmh le bhith a' dèanamh loidhne-tìmh leotha, a' cunntadh air ais 's gach linn is a' comharrachadh prìomh thachartasan ann an eachdraidh a' chaisteil. Ghabhadh cur ri seo an dèidh an turais.
- Tog deasbad ri sgoilearan mun iomadh sgalag a dh'obraicheadh sa chaisteal. Thoir orra liostaichean a dhèanamh de na bha aca ri dhèanamh gun innealan. Faodar cur ris na liostaichean an dèidh an turais.
- Tog deasbad ri sgoilearan mun na diofar rud a bhiodh air chois ann an caisteal. Dh'fhaodar rannsachadh a dhèanamh air rudan fa leth (m.e. biadh, fèistean, buill-airm) gus an ullachadh don turas.



A' dol a-steach do Chinn Droma



Obair air an làraich

Fhad 's a thathar a' rannsachadh a' chaisteil, cho math ris na molaidhean deasbaid againn, bu chòir na sgoilearan a bhrosnachadh gus sùil chritigeach a thoirt air na chì iad agus gus teòraidhean a dhèanamh 's fheuchainn a tha stèidhichte air an fhianais chruaidh. Seo puingeagan-tòisichidh san fharsaingeachd:

- Dè an stuth a chleachdadh gus an caisteal a thogail? Carson a thaghadh seo? A bheil stuth ann an sin a tha air a ghrodadh neo air a bhith air a ghoid on uairsin?
- An dùil gum b' e seo cumadh an t-seòmair o thùs? Am faic thu far an deach atharrachadh? Carson a dhèantadh seo?
- Dè an fhianais a th' ann air beatha làitheil?
- Faodaidh sgoilearan fianais a chlàradh le nòtaichean, breacadh-dhealbhan, dealbhan-camara, no le bhith a' clàradh rudan air teip.

Air làrach-lìn Alba Aosmhor gheibh luchd-teagaisg goireasan a bharrachd mar thaic air obair air làraich. Nam measg seo tha a bhith a' cur ri chèile *Clàr Fianaise* agus *Clàr Mo Bheachdan Fhèin*. Faic www.historic-scotland.gov.uk/

Molaidhean-obrach an dèidh an turais

An dèidh an turais faodaidh sgoilearan na fhuair iad a-mach a chur còmhla agus clàr nas coileanta a dhèanamh air a' chaisteal. Dh'fhaodadh seo a bhith mar bhunait do raon ghnìomhan-taisbeanaidh, leithid:

- Leabhar-treòir neo bileag do luchd-tadhail eile
- Taisbeanadh shleamhnagan le aithris
- Sgrìobhadh macmeanmail stèidhichte air beatha nan daoine a bha a' còmhnaidh sa chaisteal.
- Sreath de dhràma-an a' sealltainn sealladh goirid de bheatha sa chaisteal tro na linntean.



Tùr an t-Sneachda



Air lorg Cinn Droma is nam Brusach

Tha an t-slighe a mholar a' dìreadh air beatha caisteil Cinn Droma an toiseach na 1300an, nuair a chleachd Raibeart Brus is a theaghlach e. Tha ochd prìomh àite-tadhail ann:

1. Ro-ràdh: taobh a-muigh a' Chaisteil
2. An t-Slighe-steach agus an Taigh-Geata
3. Tùr an t-Sneachda
4. An Talla Mòr
5. An Cidsin
6. Tùr an Neach-Glèidhidh
7. Taobh a-muigh nam Ballachan
8. An Caibeal
9. An Tùr Eadarra
10. An Taigh-Fuine


An dèidh an ro-ràdh cha leigear a leas tadhail san òrdugh seo. 'S e b'fheàrr gun tèid an clas a-steach ann am buidhnean de 8-10 chor is gum faigh a h-uile duine cothrom.

Tha cùl-fhiosrachadh ga thoirt seachad sa phasgan do gach àite. Tha e sgrìobhte gu sìmplidh chor is gun gabh a leughadh a-mach do na sgoilearan mas math leat. Cuideachd tha molaidhean a thaobh ceistean-deasbaid.

Gus na tachartasan dràmatach a thachair aig Cinn Droma a thoirt beò, tha sinn a' cur a-steach molaidhean sìmplidh a thaobh gnìomhan cluich-ròl aig cuid de na h-àiteachan. Tha iad seo gu h-àraid freagarrach don fheadhainn is òige. Gheibhear iad ann an earrainn Cuir an Cèill e! do gach suidheachadh, sgrìobhte ann an clò dearg.

'S e aon dòigh air a leithid seo a stiùireadh ach na ròlan a thoirt seachad, beagan tìde a chaitheamh a' cleachdadh, is an uairsin air dhut comharra a dhèanamh tòisichear air fad mionaid no dhà, gus an dèan thu comharra sguir.

Plana Caisteal Cinn Droma a' sealltainn suidheachaidhean an turais



Nòta sònraichte:

Tha modail den chaisteal mar a bha e sa bhùth aig an ionad-parcaidh. Is math is d' fhiach e sùil a thoirt air leis na sgoilearan mus tèid sibh suas don chaisteal.

Fàg am bùth is an ionad-parcaidh is coisich suas an cadha a dh'ionnsaigh a' chaisteil, tro gheata fiodha. Stad ri taobh pannal an fhiosrachaidh.



Modail den chaisteal



Robh fhios agad ...

Thogadh an caisteal air chumadh sgèith 's an taigh-geata aig a' bhàrr bhiorach dheth.

Nòtaichean turais: air lorg Cinn Droma agus nam Brusach

Suidheachadh 1: Ro-ràdh - taobh a-muigh a' chaisteil

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Mu 800 bliadhna air ais sna 1300an b' e seo fear de na caistealan a bu tarraingiche an Alba. Thogadh e le tighearna beairteach, Iarla Mhàrr, a bha airson sealltainn cho beairteach is cumhachdach 's a bha e.
- Bha dìon math air taobh a-muigh a' chaisteil 's coltas fiadhaich air. Ach a-staigh bha e sòghail is mòrail do na h-uaislean 's an luchd-tadhail. Thàinig rìgh Shasainn, Eideard I, air chèilidh fiù.
- Nuair a chuireadh Raibeart Brus na rìgh air Alba chuir e a theaghlach an seo gu Cinn Droma airson sàbhailteachd. Ach chuartich arm Shasainn e 's chuir iad fo shèist e. Bha tòrr strì mun chaisteal thar nam bliadhnaichean ri linn cogadh le Sasainn. Gheibh sinn a-mach tuilleadh mun sin an dèidh seo.
- An dèidh Cogaidhean na Saorsa bha an caisteal aig teaghlaichean eile, a chuir ris is a dh'atharraich e a rèir an dòigh-beatha is an teaghlaichean.
- Ach cha do dh'fhuirich duine beò ann fad còrr is 300 bliadhna nist. Thar nam bliadhnaichean thug daoine ionadail clachan on chaisteal gus an taighean a thogail. Ged is e tobht a th' ann, tha fòs tòrr ann a chuidicheas sinn obrachadh a-mach ciamar a bha daoine a' tighinn beò an seo - agus mar a thachair 's an caisteal fo ionnsaigh.



Taobh a-muigh a' chaisteil le pannal-fiosrachaidh

**Spreagadh an Luchd-Teagaisg**

Seall air dealbh a' chaisteil air a' phannal. Tha e a' sealltainn gu dràmatach mar a chaidh an caisteal a chur fo ionnsaigh 's mar a chaidh teine a chur ris.

Bheir e beachd dhuinn air cumadh a' chaisteil mar a bha e.

Dèan coimeas eadar an caisteal 's an dealbh.

- Dè tha diofraichte?
- Dè dh'fhan mar a bha?

Freagairtean nan sgoilearan

Diofraichte:

- Chan eil mullach air a' chaisteal an-diugh.
- Thuit tòrr de na ballachan.

Mar a bha:

- Balla cruinn tùir air dheas.
- Dìg le feur.
- Cumadh bunaiteach a' chaisteil.

Thogadh an caisteal chor is gum biodh e furasta dhìon is doirbh ionnsaigh a thoirt air. Dè chì thu a dh'fhàgas làidir e?

- Togte air cnoc - seallaidhean math uile-thimcheall; chìthear nàmhaid a' tighinn.
- Bha na ballachan glè thiugh is àrd.
- Tha sliotain cumhaing sna ballachan airson losgadh tromhpa.

B' e an dìg leathann feurach aon dòigh air an caisteal a dhìon. Ciamar a bhiodh i feumail?

Chuireadh na leathadan casa maill air daoine neo eich 's iad a' ruith chun a' chaisteil gus ionnsaigh a thoirt air.

Seall air a' chaisteal o shealladh neach-ionnsaigh. Ciamar a chuireadh tusa fo ionnsaigh e? Càite bheil e lag?

- Cuir fo shèiste uile-thimcheall e agus fuirich ris a h-uile duine staigh bàs fhaighinn tron acras no gus an gèill iad.
- Bris na ballachan sìos le clachan air an leigeil o chlach-bhoghannan.
- Bris sìos na dorsan le reithean-cogaidh.
- Dìrich na ballachan air fàraidhean no tùir-leibhinn.
- Tha e lag far a bheil geataichean is uinneagan - ach chan eil mòran aige!



An dìg dhìon leathan

Cuir an Cèill e!

Smaoinichibh gur brathadairean Arm Shasainn sibh. Tha uaibh ionnsaigh a thoirt air a' chaisteal. Coimheadaibh gu faiceallach air 's nuair sin cuiribh aonta thaobh na nì sibh.

Gabh tarsainn na dìge 's seas air an drochaid bheag fhiodha ri taobh slighe-steach a' chaisteil.



Robh fhios agad...

Bha àrsairean ag obair air an làraich seo ann an 1925. Fhuair iad cnàimhnich dithis fhear

Caddw, Welsh Assembly Government © a' Chrùin



Taigh-geata Caisteal Hàrleach, glè choltach ri mar a bhiodh slighe-steach Caisteal Cinn Droma



Drochaid an latha an-diugh aig slighe-steach a' chaisteil

Suidheachadh 2: An t-slighe-steach is an taigh-geata

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Tha sinn nis nar seasamh aig taigh-geata a' chaisteil. Sna seann làithean cha robh sinn is dòcha air faighinn cho faisg. Bhiodh dà thùr mhòr a' sìneadh suas gu h-àrd 's bhiodh luchd-faire a' coimhead ort fad an t-slighe gu lèir.
- Tha sinn nar seasamh air drochaid ùr. Sna seann làithean bha drochaid-thogalach ann a ghabhadh slaodadh suas air slabhraidhean an àm na h-èiginn.
- Bha seòmraichean nan geàrdan dìreach taobh a-staigh a' gheata. Os cionn an t-slighe-steach bha seòmraichean airson luchd-obrach cudromach Iarla Mhàrr.
- An 1306 bha Niall, bràthair Raibeart Bhrus, a' dìon a' chaisteil nuair a chaidh a chuartachadh le feachdan arm Shasainn. Smaoinich mu mar a bhiodh e aig an àm ud.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Seall cumadh an dà thùr air gach taobh den gheata. Dè cruth a bha orra?

An dùil carson a bha iad cruinn?

Seall thar na drochaid. An lorg thu an sliotan far am biodh an drochaid-thogalach a' lùbadh air lùdag?

Dè air an laigheadh an drochaid nuair a bhiodh i sìos?

An tomhais thu dè cho leathann is a bha an t-slighe-steach?

An dùil carson a bha e cho cumhaing?

Agus tu a' dol tron gheata, am faic thu comharradh sam bith air geataichean eile?

Agus tu a' dol a-steach don chaisteal, seall cho tiugh is a tha na ballachan air gach taobh, agus cho tiugh is a tha ballachan an tùir.

Freagairtean nan sgoilearan

Cruinn.

Nas fhasa dhìon - chìtear gu tur mun cuairt gun fheum air coimhead air oiseanan.

Chìtear sliotan mòr ceàrnagach air gach taobh fon drochaid.

Sgeilp cloiche ri fhaicinn.

1.5 m.

Chor 's nach fhaigheadh a-steach ach beagan dhaoine aig aon àm.

Comharradh air dhà gheata eile air an trannsa-steach.

1-2m thighe.

Cuir an Cèill e!

Smaoinich gu bheil thu a' tighinn don chaisteal mar aoigh. Tha na geàrdan glè amharasach ort, ach mìnichidh tu gun tàinig thu a dh'fhaicinn Raibeart Brus is a bhràthair Niall. Cuir ìmpidh orra thu a leigeil a-steach. 'S dòcha gu bheil naidheachd agad air arm Shasainn.



Robh fhios agad...

Thuit a' chuid bu mhotha den tùr seo le ràc 200 bliadhna air ais an 1805. Chleachd muinntir an àite na clachan gus an taighean fhèin a thogail.



Taobh a-staigh na liosa - a' coimhead a dh'ionnsaigh a' chaibeil



Taobh a-staigh Tùr an t-Sneachda



Tùr Elphinstone às Tùr an t-Sneachda

Suidheachadh 3: Tùr an t-Sneachda

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Tha sinn nar seasamh a-nis ann an lios a' chaisteil. Bhiodh seo na àite fosgailte. Nuair a bha teaghlach Raibeart Bhrus a' fuireach an seo bhiodh iad fhèin agus an sgalagan nan còmhnaidh sna tùir is sna seòmraichean mun cuairt na liosa.
- **Gabh air chli, a' dol seachad air pannal fiosaich le plana den chaisteal. Cum ort gu àrainn chruinn Tùr an t-Sneachda, thall air chli an oisean den chaisteal.**
- Canar Tùr an t-Sneachda ris an tùr-sa - ach chan fhios carson. Bhiodh co-dhiù còig làr a dh'airde air!
- Seo far an do dh'fhuirich na daoine a bu chudromaiche sa chaisteal. Bhiodh teaghlach Raibeart Bhrus air fuireach ann, nam measg a nighean Marsailidh, a bhràthair Niall, a phiuthar Crisdean is a dhàrna bean, Ealasaid.
- Bhiodh na seòmraichean glè shòghail - iomchaidh do rìgh 's a theaghlach. Bha plàstair air na ballachan cloiche agus maise le obair-ghrèis chrochte. Chum teintean mòra na seòmraichean blàth agus bha iad laiste le solas-coinnle drithleannach. Chaidil na h-urracha mòra ann an leapannan ceithir-stobach le brat orra gus na mialan a chumadh a-mach, 's le cùirteirean gus an cumail blàth.
- Bha uair a bha tobar am meadhan a' chiad làir. Rachadh uisge a thoirt don tobar on abhainn fodha. Nuairsin bha siostam d' ulagan a tharraing uisge on tobar suas gu gach seòmair airson nighe.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Seall air na pìosan cloiche a chuireadh aig bun an tùir seo. An dùil gun robh iad daonnan an seo?

An dùil cò às a thigeadh iad?

Freagairtean nan sgoilearan

Cha robh.

'S dòcha gur iad pàirtean de stuaghannan is de dh'uinneagan o àiteachan eile sa chaisteal.

Coimhead mu dheas. Chì thu balla le dhà bheàrn cheithir-cheàrnagach ann, air muin a chèile. B' e seo tùr eile le seòmraichean-fuirich.

Seall air clach an tùir. An dùil gu bheil an tùr nas aosta, nas ùire no co-ionnan ri Tùr an t-Sneachda?

'S e Tùr Elphinstone a theirear ri seo agus chaidh a thogail mu 250 bliadhna an dèidh Tùr an t-Sneachda.

Chan eil cho fad o thogadh an tùr - tha coltas diofraichte is nas ùire air na clachan.

Cuir an Cèill e!

Smaoinich gu bheil Arm Shasainn a' tighinn dlùth. Innsidh Raibeart Brus dha theaghlach gum feum iad an caisteal fhàgail airson sàbhailteachd. Dè chanas iad? Dè plana a nì Raibeart is Niall gus an caisteal a dhìon?

Gabh tron doras a-steach gu Tùr Elphinstone. Gabh air dheas 's an sin air chli a-steach don Talla Mhòr.



Robh fhios agad...

Thàinig crìoch iomchaidh air a' ghobha chealgaireach. Fhuair e duais an òir o na Sasannaich airson teine a chur ris a' chaisteal - ach b' e òr leaghte e, a chaidh a dhòirteadh sìos a shlugan is a mharbh e.



An talla mòr



Uinneag le suidheachan

Suidheachadh 4: An talla mòr

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Nis tha sinn nar seasamh san talla mhòr. B' e seo cridhe a' chaisteil. 'S ann an seo a bhiodh fèistean mòra is coinneamhan cudromach.
- Thigeadh teas an t-seòmair o bhasgaidean mòra teine sa mheadhan. Rachadh deatach suas is tro tholl sa mhullach.
- Sna seann làithean bhiodh obair-ghrèis air a crochadh suas air na ballachan agus an t-seòmar a chumail blàth is mar mhaise. Bhiodh luachair is bratannan air an ùrlar. Ri linn fhèistean bhiodh bùird fhada air an cumail suas le seilleanan agus beingidhean airson nan aoighean. Dh'itheadh aoighean cudromach à soithichean airgid; dh'itheadh càch à soithichean meatailt no fiodha, agus thilgeadh criomagan gu coin.
- Nuair a thug arm Shasainn ionnsaigh an 1306, dh'òrdaich Niall, bràthair Raibeart Bhrus, gun rachadh gràinne a ghluasad às an stòr don t-seòmair-sa air sgàth sàbhailteachd. Chaidh aig Niall 's a chuid fhear air an caisteal a dhìon gu treun is na Sasannaich a' toirt ionnsaigh air le clachan air an tilgeil o chlach-bhoghannan mhòra ris an canar 'trebuchets'.
- Ach chaidh gobha a' chaisteil, fear Osbourne, a bhrìbeadh leis na Sasannaich teine a chur ris a' chaisteal. Thòisich sin an seo san talla mhòr agus sa cheann thall b' fheudar do Niall 's a h-uile duine sa chaisteal gèilleadh.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Bhiodh an t-seòmair seo àlainn soilleir is làn solais. Coimhead airson far am biodh na h-uinneagan. Cia mhead a chunntas tu?

Seall air an uinneig air taobh clì a' bhalla a-muigh 's tu a' tighinn a-steach. Am faic thu fuigheall suidheachan-cloiche an seo? Carson a dhèanadh seo deagh àite-suidhe?

Am faic thu comharradh sam bith air mar a dhìonadh na h-uinneagan?

Shuidheadh na daoine is cudromaiche, mar Raibeart Brus no Iarla Mhàrr, air suidheachain mhòra fhiodha còmhdach le aodach spaideil is pilleannan le obair-ghrèis orra.

An lorg thu far an suidheadh daoine nach robh cho cudromach?

Bhiodh luchd-ciùil ann an galaraidh shuas gu h-àrd. An lorg thu na ceumannan a rachadh suas don ghalaraidh seo?

Freagairtean nan sgoilearan


Co-dhiù 4 air gach taobh; is dòcha tuilleadh aig gach ceann.

Suidheachan-cloiche ri fhaicinn air chlà.

Tuill-cloiche ri fhaicinn sa bhalla far am biodh gadan thairis air agus còmhlachan-uinneige air an dùnadh.

Beingidhean-cloiche ri cliathaich nam ballachan.

Ceumannan-cloiche a' dol suas air ceann deas a' bhalla a-muigh.



Dealbh peantar den talla mhòr sna 1300an

Cuir an Cèill e!

Smaoinich gu bheil fèist mhòr air chois. Tha cuid agaibh a' toirt bìdh no dibhe, cuid eile is sibhse an teaghlach Brus 's an aoighean, cuid a tha nan luchd-fèisteis. 'S dòcha gu bheil coin ann fiù! Smaoinich gun toir cuideigin naidheachd gu bheil na Sasannaich glè fhaisg a-nist.

Streap thar a' bhalla ìseal aig ceann an Talla Mhòir is coisich air dheas do dh'àrainn shìos a' chidsin.



Robh fhios agad...

Bha cuid de theallaichean cho mòr 's gun robh rùm annta do dhuine beag, mar bu trice balach, seasamh ann is feòil a thionndadh air a' bhior mheatailt. Thugadh an 'turnbrochie' air.



Cidsin

Suidheachadh 5: An cidsin

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Ri taobh an talla mhòir bha cidsin a' chaisteil. Seo far an ullaicheadh na sgalagan na fèistean mhòra. O chionn seachd ceud bliadhna air ais b' e seo àite glè thrang. Faodar smaoinichadh air daoine a' sgoltadh, a' giùlain rudan, a' cur biadh air soithichean-frithealaidh 's an còcaire ag èigheachd air a h-uile duine. Bhiodh e glè theth agus gu math dorch.
- Dhèantadh a h-uile còcaireachd os cionn teine mhòir. Bhruicheadh an còcaire biadh ann an coire mòr a bha crochte os cionn an teine, air neo dh'fhaodadh tu feòil a ròstadh air spic mhòr mheatailt ris an canar bior. Bior fada de dh'fheòil mhòr, fear tana do dh'eòin bheaga.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg	Freagairtean nan sgoilearan
Tha fios aig luchd-eachdraidh gum b' e seo an cidsin - ach chan eil e furasta fhaicinn.	
Bhiodh teallach an àiteigin airson còcaireachd. An dùil càite am biodh e?	Beachdan nan sgoilearan fhèin.
Streap sinne thar a' bhalla gus faighinn a-steach. An dùil càite am biodh an doras?	Beachdan nan sgoilearan fhèin – chan eil mòran fianaise ann.
Ann an cidsinean an-diugh tha daonnan sinc. Seall mun cuairt. Cò às am faigheadh na còcairean sa chidsin seo an uisge?	Beachdan nan sgoilearan fhèin – on abhainn shìos air neo is dòcha on tobar ann an Tùr an t-Sneachda.
Coimhead airson preasa bheag san t-seòmar seo. An dùil dè feum a chuireadh air seo?	Beachdan nan sgoilearan fhèin.
Preas-salainn is dòcha. Bha salann glè luachmhor is daor aig an àm ud agus chleachdadh e chor 's gum maireadh biadh na b' fhaide.	
An lorg thu rud sam bith eile a dh'inneas dhuinn le cinnt gum bu chidsin e seo?	'S e seòmar mòr a th' ann - dh'fheumadh e bhith airson cidsin. Tha e dìreach taobh ris an talla mhòr - a bhiodh glè ghoireasach.

Cuir an Cèill e!

Smaoinich gu bheil sinn a' còcaireachd sa chidsin don teaghlach Bhrus shuas staidhre. Cuid a' sgoltadh, cuid a' còcaireachd os cionn an teine, cuid a' giùlain uisge a-steach on taobh a-muigh. Cuid a' feitheamh ri biadh a ghiùlain a-steach don talla bhon ionad-frithealaidh, cuid eile a' toirt stuth on seòmar-stòrais.

Gabh le faiceall a-mach às a' chidsin is coisich tarsainn cadha grinneil a-steach gu tùr an Neach-Glèidhidh.



Robh fhios agad...

Anns a h-uile caisteal bha ceathrar prìomh oifigear: neach-glèidhidh no maor- sìthe os cionn tèarainteachd, stiùbhard a bha os cionn nan sgalgagan uile, marasgal a bha os cionn conaltraidh is còmhdhail agus sagart no ministear an ceann seirbheisean eaglais agus a bha cuideachd na rùnaire. Dh'fhaodadh mu 150 sgalg eile a bhith ann an caisteal mòr mar seo!



Am prìosan



Tùr an Neach-Glèidhidh

Suidheachadh 6: Tùr an Neach-Glèidhidh

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

Canar Tùr an Neach-Glèidhidh ris an tùr-sa. 'S ann is dòcha a bhiodh na h-oifigearan a bu chudromaiche a' fuireach. Bha an neach-glèidhidh os cionn tèarainteachd a' chaisteil.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Chì thu gun robh grunn làr san tùr seo. Thoir sùil is feuch an obraich thu a-mach cia mheud làr is dòcha a bhiodh ann.

Seall air pannal an fhiosrachaidh gus faighinn a-mach dè bha air a' chiad làr.

An obraich thu a-mach càite am biodh mullach a' phrìosain?

Seall mun cuairt ach am faighear dè na goireasan a bh' aig prìosanaich an seo.

Cò ris a bha tèarainteachd a' phrìosain coltach? Rud sam bith a dh'innseas?

Seall nas fhaide suas. Dè lorgas tu a dh'innseas dhuinn mu na seòmraichean shuas?

Tha na h-uinneagan air làraichean shuas an tùir diofraichte. Ciamar agus carson?

Freagairtean nan sgoilearan

Co-dhiù trì - tuilleadh 's dòcha!

Prìosan.

Chìthear car far am biodh e air na ballachan.

Taigh beag – neo latrine. A-mach à sin, chan eil sìon.

Ris an doras chì thu tuill far am biodh dà shreath de chrainn dùbailte.

Chìthear na tha air fhàgail de theallaichean is de shimilearan - 's dòcha mar sin gum biodh na seòmraichean blàth.

Tha an fheadhainn ìseal nan sliotain a-mhàin - airson rudan a losgadh.

Tha an fheadhainn shuas nas motha - airson solais.

Gabh air dheas 's tu a' tighinn a-mach à Tùr an Neach-Glèidhidh 's gabh tron doras chumhaing gus an seas thu taobh a-muigh a' chaisteil.



Robh fhios agad...

Sna seann làithean cha robh uisge na h-aibhne sàbhailte ri òl mura goileadh e. Mar sin dh'òl a h-uile duine lionn - fiù na pàistean!!



Geata-cùil a' chaisteil (postern gate) le eagan an eirc-chòmhlha



Balla a-muigh a' chaisteil

Suidheachadh 7: Taobh a-muigh ballachan a' chaisteil

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Às seo gheibh sinn sàr-shealladh de cho mòr is a bhiodh an caisteal.
- Chì thu shìos uisge a' chaisteil - an abhainn!
- Às seo cuideachd chì sinn carson a bha e na dheagh àite gus caisteal a thogail - **an dùil carson?** (dìon nàdarra air bàrr bruaich chas na h-aibhne)

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Seall air a' gheata bheag tro thàinig sinn an-dràsta.

An obraich thu a-mach ciamar a rachadh an geata seo a dhìon?

Chì thu dealbh de dh'eirc-chòmhlha air sgillinn.

Seall suas air balla a-muigh tùr an Neach-Glèidhidh.

Smaoinich air facail a chuireas sìos air an tùr is a' chlach.

Ciamar a bheireadh tu ionnsaigh air a' bhalla seo?

An smaoinich thu air dòigh san gabhadh àirde a' bhalla-sa a thomhas?

Seall air bun an tùir. Am faic thu toll beag?

An dùil carson a bha seo ann?

Seall suas a-nis. Carson a bhiodh e dona seasamh an seo sna seann làithean?

Freagairtean nan sgoilearan

'S ann sna h-eagan air gach taobh den gheata a bhiodh eirc-chòmhlha a' sleamhnachadh suas is sìos.

Glè àrd.
Clachan gearrte rèidh. Drùidhteach, eagalach.

Glè dhoirbh. Bhiodh agad ri urchraichean a thilgeil air gus a leagadh - agus chan eil àite faisg far an gabhadh seo a dhèanamh.

Molaidhean nan sgoilearan. Cleachd àirde neach gus a thomhas.

B' e seo drèan taigh beag nam prìosanach.

Tha sinn nar seasamh fo dhrèan nan taighean beaga a tha gu h-àrd san tùr!

Till tron gheata is lean an cadha gus an seas thu sa chaibeal.



Robh fhios agad...

Ri linn Raibeart Bhrus bha cha mhòr a h-uile duine an Alba a' dol don eaglais. 'S e Caitligich a bh' annta uile agus 's ann san Laideann a bha na seirbheisean eaglais!



Uinneagan a' chaibeil

Suidheachadh 8: An caibeal

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Bha an caibeal fhèin aig caistealan mòra cudromach mar seo. Bhiodh an sagart fhèin aig Iarla Mhàrr is an teaghlach Brus gus seirbheisean prìobhaideach a chumail.
- Coimhead airson na trì uinneagan àrda cumhaing. B' e seo ceann a' chaibeil. Cleas a h-uile caibeal tha e ris an ear 's mar sin b' fheudar am balla atharrachadh beagan chor 's gum biodh an caibeal ceart.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Tha sinn a-nis nar seasamh fo ìre làr an t-seann chaibeil. Am faic thu far am biodh an làr?

Chleachdadh an làr ìseal seo airson biadh a' chidsin a chumail.

Chum an t-sagart na soithichean airgid a chleachdadh aig seirbheisean eaglais ann am preas àraid. Ma choimheadas tu gu faiceallach is dòcha gun lorg thu e. Cuimhnich gun robh an ciad làr na b' àirde sna seann làithean!

Freagairtean nan sgoilearan

Chìtheas an loidhne-làir fo na trì uinneagan.

Air taobh clì na trì uinneagan.



Robh fhios agad...

Ri linn Raibeart Bhrus cha robh gunnaichean ann. Shabaid daoine le claidheamh, tuagh, bogha 's saighead. Thug iad ionnsaigh air caistealan coltach ri seo le clach-bhogha mhòr mhòr air a bheil trebuchet, no le reithe-cogaidh air na ballachan.



An tùr eadarra



Ball-cloiche san tùr eadarra



Staidhre san tùr eadarra

Suidheachadh 9: An Tùr Eadarra

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Cho math ri Tùr an t-Sneachda 's Tùr an Neach-Glèidhidh tha dà thùr eile aig Caisteal Cinn Droma. Seall thar na lios gus na tùir eile fhaicinn. Chleachdadh iad seo mar stòras, àite-còmhnaidh - agus ionad-sabaid.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Seas air ciad làr an tùir.

Am faic thu uinneagan sam bith?

Mura bheil uinneagan ann, an dùil dè feum a chuireadh air an t-seòmar seo?

Bha trì sliotain caola san làr mheadhanach. An dùil ciamar a chleachdadh iad seo?

Chleachdadh an làr is àirde airson còmhnaidh, ach chleachdadh am mullach mar àrd-ùrlar sabaid - àite far an seasadh tu gus sabaid.

Seall le faiceall mun cuairt ach an lorg thu rud sam bith a dh'innseas dè seòrsa de bhuill-airm is urchraichean a chaidh a chleachdadh aig an àm.

Ciamar a gheibheadh tu suas chun nan làr eile? An lorg thu an staidhre?

Freagairtean nan sgoilearan

Chan fhaic.

Beachd nan sgoilearan - ach is dòcha gur e seòmar-stòrais air choreigin a bh' ann.

Airson saighdean a leigeil tromhpa.

Ball-cloiche ri fhaicinn - is dòcha gun deach a thilgeil air a' chaisteal le clach-bhogha mhòr.

Na th' air fhàgail de staidhre shnìomhanach taobh a-muigh an tùir air chli.

Cuir an Cèill e!

Dèan dà bhuidheann. Tha leth agaibh a' toirt ionnsaigh air a' chaisteal. Leth eile ga dhìon. Smaoinich air na dhèanadh sibh - a' leigeil shaighdean, a' tilgeil urchraichean - agus cruthaich trì seallaidhean 'neo-ghluasadach' a sheallas mar thachras do gach buidheann.

Fàg an tùr eadarra is gabh air chli gus an seas thu san taigh-fuine.



Robh fhios agad...

Tha an togalach seo na thaigh-grùdaidh cuideachd, far an dèanadh iad lionn air a bheil 'beòir'. Dh'òl daoine cumanta e fad na h-ùine - pàistean fù! Dh'òladh na tighearnan 's na mnàthan uaisle fion. Rachadh an lionn a bhrachadh ann am pòit mhòir chopair am meadhan an t-seòmair-sa.



àmhainn san tùr eadarra



àmhainnean san taigh-fuine

Suidheachadh 10: An taigh-fuine

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.

- Nan seasadh tu an seo sna seann làithean bhiodh fàileadh àlainn ann. Seall air a' bhileag a dh'fhaicinn carson!
- B' e seo taigh-fuine a' chaisteil. Chuireadh e ris a' chaisteal an dèidh làimh, agus Brus is a theaghlach air fhàgail, ach bhiodh taigh-fuine acasan an àiteigin cuideachd. Cleas ar latha-ne, dh'ith daoine tòrr arain aig an àm ud, is dòcha dà bhuileann gach latha! Ach acoltach ri mar a tha an-diugh, chaidh an aran gu lèir a dhèanamh ann.
- Bhiodh mullach air chumadh dòma air gach àmhainn. Bha e car coltach ri àmhainn piotsa an-diugh. Lasadh am fuineadair teine san àmhainn chor 's gum fàsadh na breicean teth. Nuair sin ghlanadh e an luathre le ràcan an dèidh don teine a bhith air fàs fuar. Nuair sin chuireadh e an taois ann gus a còcaireachd. An dèidh làimh is dòcha gun rachadh na h-àmhainnean a chleachdadh gus connadh a thioramachadh.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Cia mheud àmhainn mhòr chloiche a lorgas tu?

An dùil ciamar a gheibheadh am fuineadair an aran a-mach às an àmhainn?

Dè eile a dhèanadh am fuineadair sna h-àmhainnean seo?

Freagairtean nan sgoilearan

• A dhà an seo. Cuideachd tè san tùr às an tàinig sinn an-dràsta fhèin.

• Le sluasaid fad-chasach - coltach ri mar a tha ann an àmhainn piotsa an-diugh.

Bannagan, pàidheannan, maragan.

Tha ar turas den chaisteal crìochnaichte nis. Is math is d' fhiach e coiseachd mun cuairt taobh a-muigh a' chaisteil. Coimhead a-mach airson:

- Cia mheud tùr a thèid thu seachad air
- Am balla is àirde
- Cia mheud drèan taigh beag a thèid thu seachad air
- An tùr cruinn a bha mar dhìon air a' chaibeal nach deach crìochnachadh
- Sliotain saighde



Ceistean Cumanta

C Dè an àireamh is lugha de dh'inbhich a tha dhith airson stiùiridh?

F 1 inbheach do 10 sgoilear.

C An gabh turas treòraichte a chur air dòigh?

F Faighnich mu dheidhinn 's tu a' cur turas air dòigh.

C A bheil e so-ruigsinneach do chiorramaich?

F Tha an talamh san lios corrach is clach-mhuileach. Cha ruigear àiteachan eile sa chaisteal ach le ceumannan cloiche.

C A bheil goireasan bìdh ann?

F Faodar ithe a-muigh air neo fàsadh fhaighinn sa chaisteal ri linn droch shìde.

C Càite bheil an taigh beag?

F Tha taigh beag san ionad-parcaidh pìos beag on chaisteal fhèin.

C An dèan sibh measadh-cunnairt air sgàth nan sgoiltean?

F Tha seo fo chùram an neach-teagaisg a tha mar cheann air a' bhuidheann. Gheibhear fios ann am bileagan-fiosrachaidh cunnairt a tha ri fhaotainn air làrach-lìn Alba Aosmhor a chuidicheas tidsearan am measadh fhèin a dhèanamh.

C Bheil bùth ann?

F Tha bùth beag san ionad-parcaidh a reiceas cairtean-puist, leabhair-treòir is cuimhneachain.

A' Tadhail Caisteal Cinn Droma

Tadhail ro-làimh: Molamaid gu mòr gun tadhail tidsearan saor 's an asgaidh air a' chaisteal gus a bhith eòlach air an làraich agus air na cunnairtean mun tig buidheann.

Ga chur air dòigh: Cuir fòn gu **01975 571331** gus turas a chur air dòigh, na feuman agad a chur an cèill agus uairean-fosgaidh fhaighinn on Stiùbhard. Tha an caisteal fosgailte as t-samhradh a-mhàin.

Cosgais: Tha e saor 's an asgaidh do bhuidhnean foghlaim is sgoile. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu cò gheibh ann gun chosgais air làrach-lìn Ionad Foghlam Alba Aosmhor (faic shìos).

Àite: 10m an iar-dheas air Athfort air an A97.

Parcadh: Tha ionad-parcaidh aig bun a' chnuic taobh ri bùth beag. Ruigear an caisteal le coiseachd bheag suas cadha.

Slàinte 's Sàbhailteachd: Cum aire air na leanas:

- Bu chòir sgoilearan a bhith fo stiùir fad na h-ùine. Tha ceumannan casa sa chaisteal.
- Agus sinn dileas don Turasachd Uaine, iarramaid gun tugar sgudal sam bith air ais don sgoil.

Ionad-Foghlam Alba Aosmhor: Airson barrachd fiosrachaidh air turasan, gnìomhan is goireasan don luchd-teagaisg ceangailte ri **Caisteal Cinn Droma**, tadhail:

www.historic-scotland.gov.uk

Aitheantas

Dealbhan: Na dealbhan uile, © a' Chrùin, na còraichean aig Alba Aosmhor

Teacsa: Elspeth Mackay **Ughdar an t-Sreath:** Sue Mitchell **Leagadh a-mach is**

clò-bhualadh: The House **Le taing mhòr** gu Chris Tabraham agus luchd-obrach ionadan-tadhail.

Goireasan eile

Don luchd-teagaisg:

Chris Tabraham, *Kildrummy Castle*, Alba Aosmhor 2008. *An leabhar-treòir oifigeil, a' toirt tuilleadh fiosrachaidh air ailtireachd is eachdraidh a' chaisteil. Gabhaidh òrdachadh air-loidhne o www.historic-scotland.gov.uk*

Foghlam Alba Aosmhor *Investigating Medieval Castles in Scotland*, Alba Aosmhor 2005. Ga chur ri chèile don luchd-teagaisg le tòrr cùl-fhiosrachaidh mu bheatha ann an caisteal is molaidhean gu gnìomhan sgoile.

Gu sgoilearan:

Horrible Histories: Bloody Scotland le Terry Deary, Scholastic 1998.

Allan Burnett, *Robert Bruce and all that*, Birlinn 2006. Tha an dà leabhar seo measail aig sgoilearan òga, bheir iad smaoin orra agus, rud iongantach, tha iad fiosrachail.

www.bbc.co.uk/scotland/education/as/warsofindependence/board.shtml

Brosnachaidh an geuma eadar-ghnìomhach seo, a tha freagarrach don fheadhainn is sine sa bhun-sgoil, sgoilearan gus an turas luchd-tadhail fhèin a leasachadh air Cogaidhean na Saorsa le bhith a' taghadh stuth o raon làraichean is rudan.

www.ltscotland.org.uk/scottishhistory/middleages/warsindependence/index.asp

Stòras gnìomhan a bhuineas ri Cogaidhean na Saorsa, nam measg geuma eadar-ghnìomhach mu mar a chaidh Blàr Allt a' Bhonnaich a shabaid.